

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total
Marks

--	--

X229/101

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

Do not open this Question Paper until told to do so.

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agaibh aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaid

CEISTEAN

Earrann 1

1. Dè am baile dom buineadh Ailean Camshron bho thùs?

1

2. Cò às a bha athair Ailein?

1

3. Dè an comas a bha aig pàrantan Ailein sa Ghàidhlig?

Bha Gàidhlig aig athair	
Bha Gàidhlig aig a mhàthair	
Cha robh Gàidhlig idir aig a phàrantan	

1

4. Cuin a thòisich e a' gabhail ùidh ann an Gàidhlig?

1

5. Cò bha a' fuireach ann am Peairt?

2

6. Dè an obair a bha aig Ailean ann an Inbhir Nis?

2

7. Dè na h-eileanan dom biodh Ailean a' dol?

2

8. Ciamar a thàinig Gàidhlig Ailein air adhart?

2

9. Dè am beachd a bha aig Ailean air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig san dòigh sin?

bha e pailt cho math ri bhith ann an clas	
bha e na b' fheàrr na bhith ann an clas	
cha robh e cho math ri bhith ann an clas	

1

(13)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Earrann 2

1. Carson a chaidh Ailean do chòisir?

1

2. Dè smaoinich Ailean an ceann bliadhna?

2

3. A rèir Ailein, dè shaoil na britheamhan dhen ghuth aige?

Gu robh e uabhasach	
Gu robh e math agus làidir	
Gu robh e meadhanach math	

1

4. Dè thuirt na britheamhan mun Ghàidhlig aige?

1

5. Dè bha a' dol air adhart an oidhche mu dheireadh dhen Mhòd?

1

6. Ainmich dà bhuidheann a bha air an àrd-ùrlar.

2

7. Innis mun duais a bhuannaich Ailean aig a' chuirm-chiùil.

1

8. Dè rinn Ailean nuair a chuala e gun do bhuannaich e?

Thòisich e a' leum suas is sìos	
Thòisich e a' sgrìachail	
Shuidh e far an robh e	

1

9. Dè fhuair e nuair a chaidh e chun an àrd-ùrlair?

1

10. An tèid e gu Mòd eile?

Thèid	
Cha tèid	
Chan eil fios aige	

1
(12)
[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
B(ii)	Sgrìobhadh / 25
Total	75

X229/102

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Candidates have one minute to read the questions for Earrann 1

(The passage below should be read in approximately 2 minutes)

Pàirt 1

Rugadh is thogadh mise ann an Lunnainn ach bha m' athair à Alba. Cha robh facal Gàidhlig agam nuair a bha mi a' fàs suas. Cha robh Gàidhlig aig mo phàrantan ach bha i aig mo sheanair. Thòisich mi a' gabhail ùidh sa Ghàidhlig nuair a bha mi mu thrì bliadhna deug a dh'aois. Bhithinn a' dol air saor-làithean a Pheairt gu mo sheanair is mo sheanmhair. Bha Gàidhlig aig na nàbaidhean acasan agus bhiodh iad a' bruidhinn na Gàidhlig ri mo sheanair agus air a' fòn ri caraidean. Bha mi a' smaoineachadh gu robh seo sgoinneil fhèin.

Thòisich mi ag ràdh ri mo phàrantan gu robh mise ag iarraidh cànan eile cuideachd dìreach mar a bha aig mo sheanair. Thòisich mo sheanair a' bruidhinn beagan Gàidhlig rium agus dh'ionnsaich mi beagan mar sin. Nuair a dh'fhàg mi an sgoil, fhuair mi obair ann an Inbhir Nis agus thòisich mi a' dol gu clasaichean Gàidhlig. Bha mi ag obair na mo dhraibhear aig companaidh làraidhean aig an àm sin. Bha seo uabhasach math oir bhithinn uaireannan a' dol dha na Hearadh agus a Leòdhas agus bhithinn a' cluinntinn dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig. Dh'ionnsaich mi mòran fhaclan ùra air sgàth sin. Bha cothrom agam cuideachd a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig agus bha sin na b' fheàrr na bhith ann an clas.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Earrann 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt 1

Rugadh is thogadh mise ann an Lunnainn ach bha m' athair à Alba. Cha robh facal Gàidhlig agam nuair a bha mi a' fàs suas. Cha robh Gàidhlig aig mo phàrantan ach bha i aig mo sheanair. Thòisich mi a' gabhail ùidh sa Ghàidhlig nuair a bha mi mu thrì bliadhna deug a dh'aois. Bhithinn a' dol air saor-làithean a Pheairt gu mo sheanair is mo sheanmhair. Bha Gàidhlig aig na nàbaidhean acasan agus bhiodh iad a' bruidhinn na Gàidhlig ri mo sheanair agus air a' fòn ri caraidean. Bha mi a' smaoineachadh gu robh seo sgoinneil fhèin.

Thòisich mi ag ràdh ri mo phàrantan gu robh mise ag iarraidh cànan eile cuideachd dìreach mar a bha aig mo sheanair. Thòisich mo sheanair a' bruidhinn beagan Gàidhlig rium agus dh'ionnsaich mi beagan mar sin. Nuair a dh'fhàg mi an sgoil, fhuair mi obair ann an Inbhir Nis agus thòisich mi a' dol gu clasaichean Gàidhlig. Bha mi ag obair na mo dhraibhear aig companaidh làraidhean aig an àm sin. Bha seo uabhasach math oir bhithinn uaireannan a' dol dha na Hearadh agus a Leòdhas agus bhithinn a' cluinntinn dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig. Dh'ionnsaich mi mòran fhaclan ùra air sgàth sin. Bha cothrom agam cuideachd a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig agus bha sin na b' fheàrr na bhith ann an clas.

CEISTEAN

1. Dè am baile dom buineadh Ailean Camshron bho thùs?

(30 seconds)

2. Cò às a bha athair Ailein?

(30 seconds)

3. Dè an comas a bha aig pàrantan Ailein sa Ghàidhlig?

Bha Gàidhlig aig athair

Bha Gàidhlig aig a mhàthair

Cha robh Gàidhlig idir aig a phàrantan

(30 seconds)

4. Cuin a thòisich e a' gabhail ùidh ann an Gàidhlig?

(30 seconds)

5. Cò bha a' fuireach ann am Peairt?

(30 seconds)

6. Dè an obair a bha aig Ailean ann an Inbhir Nis?

(30 seconds)

7. Dè na h-eileanan dom biodh Ailean a' dol?

(30 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

8. Ciamar a thàinig Gàidhlig Ailein air adhart?

(30 seconds)

9. Dè am beachd a bha aig Ailean air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig san dòigh sin?

bha e pailt cho math ri bhith ann an clas

bha e na b' fheàrr na bhith ann an clas

cha robh e cho math ri bhith ann an clas

(30 seconds)

Candidates have one minute at this point to read the questions for Earrann 2.

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

Pàirt 2

Airson tuilleadh Gàidhlig ionnsachadh, chaidh mi nam bhall de chòisir Gàidhlig Inbhir Nis. An ceann dà bhliadhna, smaoinich mi gun robh mi math gu leòr airson seinn ann am farpais leam fhèin aig a' Mhòd Nàiseanta. Ged a bha mi beagan teagmhach, chaidh mi ann co-dhiù. Ach, cha do bhuannaich mi duais airson seinn. Thuirt na britheamhan gu robh guth math, làidir agam ach gum feumainn tuilleadh Gàidhlig ionnsachadh agus feuchainn a-rithist. Ged nach do bhuannaich mi duais airson seinn, bhuannaich mi rudeigin eile.

An oidhche mu dheireadh dhen Mhòd, chaidh sinn gu cuirm-chiùil mhòr. Bha seinneadairean, còisirean, luchd-ciùil is sgiobannan dràma air an àrd-ùrlar a bha air duais air choreigin a bhuannachadh tron t-seachdain. Nuair a bha a' chuirem-chiùil gu bhith deiseil, bha crannchur mòr ga tharraing. Cò a fhuair a' chiad duais an turas seo ach mise. Fhuair mi càr ùr. Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn. Thug mi mionaid na mo shuidhe gun ghluasad mus b' urrainn dhomh seasamh agus a dhol suas chun an àrd-ùrlair a dh'fhaighinn iuchraichean a' chàir. Chan eil fhios agam an tèid mi gu Mòd eile ach cha dhìochuimhnich mi gu bràth a' chiad Mhòd aig an robh mi.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Earrann 2 again, and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt 2

Airson tuilleadh Gàidhlig ionnsachadh, chaidh mi nam bhall de chòisir Gàidhlig Inbhir Nis. An ceann dà bhliadhna, smaoinich mi gun robh mi math gu leòr airson seinn ann am farpais leam fhèin aig a' Mhòd Nàiseanta. Ged a bha mi beagan teagmhach, chaidh mi ann co-dhiù. Ach, cha do bhuannaich mi duais airson seinn. Thuirt na britheamhan gu robh guth math, làidir agam ach gum feumainn tuilleadh Gàidhlig ionnsachadh agus feuchainn a-rithist. Ged nach do bhuannaich mi duais airson seinn, bhuannaich mi rudeigin eile.

An oidhche mu dheireadh dhen Mhòd, chaidh sinn gu cuirm-chiùil mhòr. Bha seinneadairean, còisirean, luchd-ciùil is sgiobannan dràma air an àrd-ùrlar a bha air duais air choreigin a bhuannachadh tron t-seachdain. Nuair a bha a' chuir-m-chiùil gu bhith deiseil, bha crannchur mòr ga tharraing. Cò a fhuair a' chiad duais an turas seo ach mise. Fhuair mi càr ùr. Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn. Thug mi mionaid na mo shuidhe gun ghluasad mus b' urrainn dhomh seasamh agus a dhol suas chun an àrd-ùrlair a dh'fhaighinn iuchraichean a' chàir. Chan eil fhios agam an tèid mi gu Mòd eile ach cha dh'òchuimhnich mi gu bràth a' chiad Mhòd aig an robh mi.

* * *

CEISTEAN

1. Carson a chaidh Ailean do chòisir?
(30 seconds)
2. Dè smaoinich Ailean an ceann dà bhliadhna?
(30 seconds)
3. A rèir Ailein, dè shaoil na britheamhan dhen ghuth aige?
Gu robh e uabhasach
Gu robh e math agus làidir
Gu robh e meadhanach math
(30 seconds)
4. Dè thuirt na britheamhan mun Ghàidhlig aige?
(30 seconds)
5. Dè bha a' dol air adhart an oidhche mu dheireadh dhen Mhòd?
(30 seconds)
6. Ainmich dà bhuidheann a bha air an àrd-ùrlar.
(30 seconds)
7. Innis mun duais a bhuannaich Ailean aig a' chuir-m-chiùil.
(30 seconds)
8. Dè rinn Ailean nuair a chuala e gun do bhuannaich e?
Thòisich e a' leum suas is sìos
Thòisich e a' sgrìachail
Shuidh e far an robh e
(30 seconds)

9. Dè fhuair e nuair a chaidh e chun an àrd-ùrlair?

(30 seconds)

10. An tèid e gu Mòd eile?

Thèid

Cha tèid

Chan eil fios aige

(30 seconds)

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/103

Total
Marks

--	--

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.50 PM – 3.10 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Do not open this Question Paper until told to do so.

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Tha 50 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Faodaidh tu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



AN LATHA A GHOID MI CÀR

Bha mi a' fuireach anns an taigh-sgoile ann an Geàrrloch, nuair a thachair na leanas. Tha pàirc chàraichean ri taobh an taigh-sgoile agus bidh an luchd-teagaisg agus feadhainn a tha ag obair sa bhaile a' fàgail nan càraichean aca an sin.

Aon oidhche bha an càr agam anns a' gharaid. Bha agam ri dhol gu coinneamh an oidhche sin. Bha mi am beachd coiseachd ach, nuair a thàinig an t-àm airson falbh, bha a' ghaoth air èirigh agus bha an dile bhàite ann. Thuirt caraid a bha a' fuireach còmhla rium san taigh-sgoile, "Bidh thu drùite mus ruig thu. Thoir leat an càr agamsa. Tha e ann am pàirc nan càraichean. 'S e càr geal a th' ann agus tha na h-iuchraichean ann." Bha mi glè thaingeil nuair a thabhainn e an càr dhomh.

Chaidh mi a-mach gu pàirc nan càraichean agus lorg mi an càr geal gun mhaill. Bha e fosgailte agus bha an iuchair ann. Dh'fhalbh mi chun na coinneimh. Bha a' choinneamh airson buidheann de luchd na Gàidhlig a bha a' fuireach san sgìre. Bhiomaid a' coinneachadh gach mìos airson sgeulachdan agus eachdraidh Gheàrrloch a chruinneachadh.

Thàinig mi a-mach às a' choinneimh aig deich uairean. Bha agam ri coiseachd chun a' chàir a bha mi air fhàgail faisg air talla na h-eaglais. Bha mi dìreach a' dol a dh'fhosgladh doras a' chàir nuair a chuala mi èigh. Chlisg mi. Leum dithis fhear a-mach orm às an dorchadas. Ghabh mi eagal mo bheatha.

"Ghoid thu an càr agam, a thràill," dh'èigh a' chiad fhear agus e a' tighinn dham ionnsaigh le coltas feargach air. "Sin an càr agamsa," dh'èigh e.

Bha mo cheann na bhrochan. Dè idir a bha a' tachairt? Ghabh an dara duine ceum eile dham ionnsaigh. Bha fìor dhroch choltas air agus bha dùil agam gu robh e a' dol ga mo bhualadh. Thug mi ceum an comhair mo chùil agus thuit mi. Gheàrr mi m' aodann agus mo shùil. Bha fuil a' sruthadh às mo shùil agus chan fhaicinn ro mhath.

Chuala mi fuaim càr nam poileas agus dithis phoileas an uair sin a' ruith a-nall.

Mean air mhean, thuig mi dè thachair. Bha dà chàr gheal air a bhith ann am pàirc nan càraichean aig an sgoil agus thug mise leam am fear ceàrr. Bha mi air mo dhearg nàrachadh. Nuair a mhìnich mi mar a thachair, bha a h-uile duine dhen bheachd gu robh e glè èibhinn agus thug na poileis dhachaigh mi sa chàr acasan. Bidh mise gu math faiceallach tuilleadh ma gheibh mi iasad de chàr duine eile.

CEISTEAN

1. Cò bhiodh a' fàgail chàraichean ri taobh an taigh-sgoile?

2

2. Carson nach robh càr aig an ùghdar an oidhche ud?

2

3. Dè bha fìor mun t-sìde nuair a bha an t-ùghdar deiseil gus falbh chun na coinneimh?

2

4. Dè tha thu a' tuigsinn leis an fhacal "drùite"?

1

5. Ciamar a bha an t-ùghdar a' faireachdainn mu thairgse a charaid?

1

6. Dè bhiodh muinntir na Gàidhlig a' dèanamh aig a' choinneimh seo?

2

7. Dè thachair nuair a thòisich an t-ùghdar a' fosgladh a' chàir an dèidh na coinneimh?

3

[Tionndaidh an duilleag

8. Ciamar a bha an t-ùghdar a' faireachdainn nuair a thachair seo?
_____ 1
9. Dè bha a' chiad fhear a' smaoinichadh a rinn an t-ùghdar?

_____ 2
10. Dè tha thu a' tuigsinn le na facail "bha mo cheann na bhrochan"?

_____ 2
11. Dè bha an t-ùghdar a' saolsinn a bha an dara duine a' dol a dhèanamh air?
_____ 1
12. Carson nach fhaiceadh an t-ùghdar mòran an dèidh dha tuiteam?

_____ 2
13. Ciamar a bha an t-ùghdar a' faireachdainn nuair a thuig e gu robh e air falbh leis a' chàr cheàrr?
_____ 1
14. Dè am beachd a bh' aig a h-uile duine eile air na thachair?
_____ 1

15. Ciamar a fhuair an t-ùghdar dhachaigh?

2
Total (25)

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

[Tionndaidh an duilleag

Roinn B(ii): Sgrìobhadh**Ùine: 40 mionaid (moladh)****Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- | | | |
|----|---|------|
| 1. | Tha Am Mòd Nàiseanta a' dèanamh feum mhòr do Ghàidhlig ann an Alba. | (25) |
| 2. | An cur-seachad as fheàrr leam. | (25) |
| 3. | Turas a chòrd rium. | (25) |
| 4. | Duine ainmeil as aithne dhomh. | (25) |
| 5. | Tha cus ball-coise air an telebhisean. | (25) |
| 6. | An t-àite as bòidhche air an t-saoghal. | (25) |
| 7. | An Nollaig. | (25) |
| 8. | Mo theaghlach. | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
B(ii)	Sgrìobhadh / 25
Total	75